

# Tuath

Tuath Àireamh 4, Earrach 2020

Is treasa tuath na tighearna



Dealbh: Rhona Chaimbeul.

**Sgrìobhadh ùr le Meg Bateman, Aonghas Pàdraig Caimbeul, Maoilios Caimbeul, Pàdraig MacAoidh, Caoimhin MacNèill, Lisa NicDhòmhnaill, Babs NicGriogair, Maggie Rabatski agus Eòghan Stiùbhart**

## Stoirm

MEG BATEMAN

Dè 'm feum a bhith teagasg riaghailtean gràmair  
is an saoghal gun riaghailt;  
dè 'm feum a bhith mìneachadh sèimheachadh  
is clach-mheallain gar bodhradh;  
dè 'm feum a bhith a-mach air linn an àigh –  
mun phòsadh eadar tìr is daoine –  
is an aimhreit eadarainn  
ga h-èigheach bho na speuran?

## Storm

What's the point of teaching the rules of grammar  
when the world knows no rules;  
what's the point of explaining lenition  
while deafened by hailstones;  
what's the point of talking about the Golden Age  
and a marriage between land and people  
while the discord between us  
rages from the heavens?

## An Cèilidh

AONGHAS PHÀDRAIG CAIMBEUL

Shuidh Dòmhnall Sheumais ceann na beinge  
ag innse mu Fhionn  
agus an claidheamh sìosadach suasadach

agus sheinn Peigidh, an t-òran ud  
'son banntrach Ailein Dhuibh  
fhad 's a ghoil an coire

's an uair chaidh na solais air  
bha Goya na shuidhe an sin san oiseann  
tarraing dealbh,  
Mozart a' seinn na pìoba,  
agus Fitzgerald ag innse dhuinn  
mar a mhill airgead is cliù  
Fionn, agus adhbhar gach nì.

## An Ion-dubh

MAOILIOS CAIMBEUL

1  
Thu cho dubh ris an t-sùith,  
mìn, gleansach na h-itean,  
ach buidhe do ghob,  
ah! mo liagh, 's tu fhèin an gille,  
le do dhà shùil bhiorach,  
thu gluasad an siud 's an seo,  
le briosgail null is briosgail nall.

'S tu an t-eun còir, càirdeil,  
an t-eun as fheàrr leam sa ghàrradh.  
Thig thu airson do bhiadh,  
le seann-ruith, le deann-ruith,  
a' dèanamh thugainn.  
Siuthad, a laochain, ith do bhiadh,  
ith an sìol,  
mus tig na calmain;  
's nach bi pioc air fhàgail dhut.

2

Eòin dhuibh, eòin dhuibh,  
bha e truagh mar a thachair  
an latha ud as t-earrach  
nuair a chaill thu d' isean  
a bha dìreach ùr às an nead  
dhan chat riabhach shalach  
a bha am falach fon phreas.

Eòin dhuibh, eòin dhuibh  
's truagh do sgollachan dis  
bhith an siud fon phreas  
dhan chat oglaidh chlis,  
gun rian aige teicheadh –  
's tu cluinntinn na h-ulaidh-fruis –  
no faighinn idir às.

Eòin dhuibh, eòin dhuibh  
bha do sgreuchail bhod chridhe  
's thu dol timcheall an taighe  
's do ghaol beag na phreisein.  
Bidh an sgreuch ud nam chridhe  
gu deireadh mo latha,  
a ghaoil bhig dhuibh, a ghaoil bhig dhuibh.

## Sa Mhàrt

MAOILIOS CAIMBEUL

An-diugh gun teagamh tha a' bheinn  
geal, Slioch le beagan ceò  
agus sneachda an earraich

air a mullach, a' ghrian a' deàrsadh,  
's an cuan gorm eadarainn  
le strìochag mhòr liath air

's gun fhios againn dè idir  
a tha fon uachdar, dè na spògan  
a tha spùinneadh sa ghruinn.

An-diugh gun teagamh tha na beanntan  
geal, ann an crò càirdeil  
ach cluinnear fada air falbh

donnalaich nan con lùthmhor  
a' cur an fhèidh ann an cunnart,  
am fiadh geal ionraic gun chron.

## Maois (n.)

*i.m. Ciaran Carson*

PÀDRAIG MACAOIDH

Leth-mhìle sgadan ann an lìon, a' fiodraigeadh air  
cùl d' eathair. An lìon fhèin. Cuideigin a sheallas  
dhut Tìr a' Gheallaidh. Fuaim nan itean a' plapadh  
nan ròpan. *Nach tu a' tha fàs sean?* Ann an Albais 's  
e *mease* a th'ann: a' ciùineachadh, a' sèimheachadh.  
*Mease* neo *maze*. Lean ort. Dèan prìosan ded  
gheallaidhean. Lorg slighe às.

## Maois (n).

*i.m. Ciaran Carson*

Five hundred herrings in a net, floating behind  
your skiff. The net itself. Someone who will show  
you a Promised Land. The sound of their fins  
plapping the ropes. *Aren't you growing old?* In Scots  
it is a *mease*: to pacify, to calm. *Mease* or *maze*. Go  
on yersel. Make a prison from your promises. Find  
your way from it.

## taighean-solais

*as dèidh Yamamoto Taro (1925-1988)*

CAOIMHIN MACNÈILL

tha taighean-solais coltach ri bàird  
a' faireadh rudan cunnartach a-mhàin –  
stoirm an teas-mheadhan na gaoithe,  
an làn-mara allta a' tighinn dlùth.

tha bàird coltach ri taighean-solais;  
a' faireachdainn cràdh-cridhe,  
togaidh iad dìomhaireachd  
àraid dhaibh fhèin.

air sgàth 's gu bheil an solas aca  
an còmhnaidh air a ghoid leis an astar  
tha an leth a-staigh aca nas doimhne  
na dorchadas sam bith.

## Fuinn

MAGGIE RABATSKI

A' chiad bhliadhna  
thug mise sa bhaile-mhòr  
cha do ghluais mi  
thar chrìochan shàbhailte  
Dowanhill, an oilthigh  
agus Aitreabh nan Gàidheal.

An dàrna bliadhna  
choinnich mi ri fleasgach à Cataibh.  
Bha esan eòlach air gach ceàrn is cùil.

Latha seo, sinn làmh air làimh a' coiseachd  
air taobh thall na Cluaidh,  
thachair e ri caraid-obrach,  
fear de mhuinntir Bhaile-Ghobhainn.

'S ann aig an dithis ud  
bha 'n comas labhairt.

An dara guth leadarra,  
alltan fìor-ghlan a' ruith  
le leathadan Bheinn Chlìbric.

Cainnt an fhir eile  
làn ùird agus iarainn,  
ceò is meirg is morghan,  
is cha do thuig mi facal  
a thuir e.

Ach thog mi buille ciùil,  
fonn ùr iongantach,  
òran mòr Ghlaschu  
ag èaladh a-staigh air mo chridhe.

## Bòrd

MAGGIE RABATSKI

Seo am bòrd eireachdail  
a cheannaich mi am bùth  
Feachd na Slàinte.

Cruinn. Cruaidh-fhiodh mhìn Afragach.  
Casan snaighte le tuairnear.  
Dath an òmair air.

Bu shuarach na chosg e dhomh  
air sgàth an droch làimhseachadh  
bha sgrìobht' air a choltas.

Gu fortanach b' aithne dhomh fear  
le sgilean is làmhnan cùramach  
a thug air ais dha a mhaiseachd.

Seall an deàrrs a thig às  
nuair a dh'fhiaras grian  
an àird-fheasgair air,  
ga dhùsgadh 's dòcha gu cuimhne  
air na freumhan àrsaidh.

Doire bhruthainneach *iroko*  
a' clonadh gu abhainn thioram,  
eòin dhathach rin gobaireachd.

An-diugh tha am bòrd seo  
a' suidhe gu socair  
thall ris an uinneig,  
a' sìor dhol am feabhas

's mi cumail fhùraichean ris  
air dhathan lasrach nan tropaig,  
dùn leabhraichean, caraidean  
is cupannan tì.

Agus minig an cat dubh  
a' cur nan car dhith  
air làrach an dochainn,  
a' suirghe air an t-sìota.

## Ge 's bith dè bhristeas an doras ...

MAGGIE RABATSKI

A' bhliadhna gu bhith mach  
is mise fhathast gun dàn.

Bidh mi coiseachd nam mìltean.  
Bidh mi 'g èisteachd ri ceòl -  
arias le Puccini, beagan Bach,  
òrain thiamhaidh *country*.

Neoni.

Buailidh orm an uair sin  
rud a chuala mi aig Bukowski:  
thuir esan nach robh facal air thalamh  
cho cinnteach a bheireadh buaidh  
air luchd-foillseachaidh bàrdachd  
ri *cicada*.

Seall. Tha mise an dèidhs a chleachdadh a-nis  
is nar chluinneam aig duine geal  
nach e dàn a th' agam an seo.

## Oisín agus an Dabhach

NH5740

EÒGHAN STIÙBHART

Shreap mi Càrn a' Bhodaich

thàinig mi taobh Ghlac Oisín

far an do thilg an seann Fhiannach

cnàmh-lurgainn air an Dabhaich, a bhean

mòr, màsach agus mèith

leis gun robh e dall an uair sin

feumaidh nach deach e fon t-Sìthean

air neo nach do thuit e

chun an làir air sgàth na cloiche

's Pàdraig ga èisteachd

Ràinig mi Càrn na Baintighearna

mus d' ràinig mi a' Chaiplich

agus ceithir preachain

an earbail ghobhlach

a' cuibhleadh air falbh

ann an liathadh an fheasgair

an iarmailt fosgailte

geur agus gorm

dh'fhalbh iad a' fàgail an adhair falamh  
os cionn na Buaille Dhuibh

mus tàinig feannag air sgeith na h-aonar

mar lurgainn-fèidh air a shlighe dhan Dabhach.

## Kōan Kōfu

CAOIMHIN MACNÈLL

a' ghealach os cionn Sruighlea  
a' ghealach os cionn Kōfu  
- ciamar a tha iad cho diofraichte?

## Stanley El Perro

(airson Dàibhidh)

BABS NICGRIOGAIR

Nochd thu nar làithean gruamach  
àm-lòin

ann an raon-ghnìomhachais grod  
ann an Glaschu glas

Mar lasair

làn grian

bho

àiteigin eile

nas blàithe

nas bòidhche

Àiteigin

eadar Granada 's a' Ghrèig

ruadh agus rìoghail

mar phrionnsa beag

gun feum air crùn

oir bha thu coma

le criomagan

a' cur grèim

air

ar cridheachan

thairis

air crìochan,

ag ionnsachadh dhuinn

seinn

mu gach drudhag

dhìlseachd

sgrìobhte air an là a thàinig an Rìoghachd  
Aonaichte a-mach às an Roinn Eòrpa 31/01/20

## Stanley The Dog

(for David)

BABS NICGRIOGAIR

You came to us in a sullen summer

Lunchtimes

In a grey yard

In the dear green place

A flash of sunshine

from

somewhere else

warmer,

bonnier,

someplace

between Granada and Greece,

redhaired and royal

a little prince

with no need of a crown

just

crumbs,

moving our hearts

across borders,

teaching us

to herald

each drop

of solidarity

written on the day the UK left the EU 31/01/20

## Bho: Suibhne

*Mo Dhealbh*

RODY GORMAN

Thigibh i leith, òganachaibh,  
A fhearaibh Dhail Àirigh,  
'S ann a gheibh sibh anseo sa chraoibh  
An fear a tha sibh 'g iarraidh

'S ged a tha mi gun ghillean 's gun slòigh  
'S gun a bhith 'n èideadh no 'n earradh,  
Fàgaibh san iubhar mi air mo dhòigh  
Gus leum no dà leum a ghearradh.

Dheonaigh Dia dhomh  
Beatha nocht is cumhang fhèin  
Sans musique et sans sommeil paisible,  
Sans compagne, sans rencontre de femme,

Gan cheol is gan chodladh sámh  
Gan bean óg agam air mo bhilean.  
Mise anseo sa Ros Barrach,  
Rinne Rónán Fionn, mo mhilleadh,

Mo mheabhal, scar Dia mi rim dhealbh,  
Scaraigí rim eol, ògaibh.  
Dieu m'a pris mon aspect, qui n'est pas  
Beaucoup, séparez-vous de moi, o guerriers.

## Bliadhna Gus A-raoir

RODY GORMAN

Bliadhna gus a-raoir dhomh  
Fo chiamhaire chraobh  
Eadar tuil is tràigh  
Gun tughadh mu mo thaobh.

Gun cearchall fo mo cheann,  
Am measg clann fir Fhinn,  
Baoghal, a Dhè mhòir, dhuinn  
Gun fhaobhar gun rinn.

Gun chuideachd le mnathan  
Ach lochal nam fiann  
Na lòn 's na cuid glan,  
Biolar, 's e ar miann.

Gun ruathar gu rìgh  
Nam uath nam eòl  
Gun ribhinn an àigh  
Gun chàirdean gun cheòl.

Gun chadal mo chreach  
Gun abrar gu fìor  
Gun chobhair bho neach,  
'S e doraidh mo dhìol.

Gan taigh lom no làn  
Gun chòmhradh fhear fial  
Gun rìgh rium ga ràdh  
Gun leann is gun bhiadh.

Truagh mar a thearbadh sinn  
Ri ar sluagh treamant trom  
Nam gheilt ghlas thar ghleann  
Gun chèill is gun chonn.

Gan a bhith air cuairt rìgh  
Ach ruaig air gach raon,  
'S i a' mhìre mhòr  
A rìgh nèimhe naomh.

Gun aos còmhlan-ciùil  
Gun chòmhradh ri mnathan  
Gun tiodhlacadh sheud,  
A thug m' eug, Nì Math.

Bha mi uair a bh' ann  
Ged as bochd mi a-nochd  
Is mo neart nach b' fhann  
Air fearann gun lochd.

Air eachraidh glan geal  
Am beatha gun bhròn  
Nam rìoghachd fo rath  
Nam rìgh math mòr.

Bhith mar tha mi na dhèidh  
Gad reic, Thì 'n Àigh,  
Nam bhochdan gun bhrìgh  
An Gleann Bhalgain bàn.

An sgitheach nach maoth bàrr  
Gam tholladh gun cheann,  
Cha mhòr nach tug mo dheò  
A' chraobh-droighinn dhonn.

Cath Chòmhghaill cliùiteach  
Nuair a chailleadh na seòid,  
Dimàirt anns a' mhaoim  
Bu mhò ar mairbh na ar beò.

Air fìradh gu fìor  
Ged a bha mi sèimh saor  
Na mo thruaghan gun treòir  
Bliadhna gus a-raoir.

## An Gealtan Gealtach

RODY GORMAN

A-nochd is fuar an sneachda,  
Am-feast is buan mo bhochdainn,  
Chan eil neart agam san deubhadh  
Nam gheilt ghoirt air a ghonadh.

Chì càch mi gun chumadh,  
Is lom i snàth mo cheirtean,  
Suibhne m' ainm à Ros Arcain,  
Is mise 'n gealtan gealtach.

Mi gun fhois nuair a thig oidhche,  
Cha thadhail mo chas conaiream,  
Cha bhi mi 'n seo cianail fada  
'S mi fo iall aig an uamhann.

Mo bhàir thar bàrcannan  
Air a dhol thar an t-sàil làin,  
Ghabh an t-eagal mo neartan,  
Is mi gealtan Ghleann Bhalgain.

Gaoth an reothaidh gam reubadh  
Is an sneachda gam leòn,  
Bheir an sìon mi gu eug  
Bho gheugan gach gèige.

Geugan glasa gam ghonadh  
Is a' reubadh mo bhasan,  
Cha do dh'fhàg na drisean  
Damhnadh criosa dham chasan.

Tha crith air mo làmhnan,  
Anns gach bad fàth buairidh,  
Bho Shliabh Mis gu Sliabh Cuillinn,  
Bho Shliabh gCuillinn gu Cuailgne.

'S truagh mo nuallan a-chaoidh  
Am mullach na Cruaiche,  
Bho Ghleann Balgain gu Ìle,  
Bho Chinn Tìre gu Boirche.

Beag mo chuid nuair a thig latha  
Air mo sgàth air a h-ùire,  
Bàrr de bhiolar Chluain Cille  
Le gleòrann Chille Chua.

Don neach san Ros Arcach  
Cha tig olc no dosgairn,  
'S e na dh'fhàg mi gu lag  
Bhith ri sneachda gu nochdaidh.

## Mo Dhìol

RODY GORMAN

M' oidhche 'n Cille Dearbhail,  
'S i na bhris mo chridhe,  
Dursann dhomh sgaradh,  
A mhic mo Dhè, ri Dail Àirigh.

Deichnear is deich ceud laoch de shluagh  
A bh' agam an Druim Fraoich an là sin,  
Ged as beò mi, a mhic Dhè, gun treisead,  
Ba mhise 'n ceann-comhairle.

Mùiche m' oidhch' a-nochd  
Gun ghille 's gun lùchairt ann,  
Cha b' i m'oidhche 'n Druim Dhamh,  
Mise 's MacFhionnlaigh 's MacDhòmhnaill.

Mairg mar a dh'fhuirich mi ris an dàil  
Mar dhàn, a rìgh nan dùl,  
Ged nach d'fhuair mi gu bràth de dhìol  
Ach m' oidhche 'n Cille Dearbhail.

## Oisin às dèidh na Fèinne

EÒGHAN STIÙBHART

Tha e air èirigh  
uair eile  
a' dol a dh'ionnsaigh  
na strì

Tha e a' cuairteachadh  
nan gleann  
a' toirt dùrachd do chàch  
air an t-slighe

Tha cnàmhan na chruachan  
is bun a dhroma  
ga dhìteadh mar chuimhneachan  
na sìthe

Seo fear a ghlèidh  
eachdraidh  
's a shad an t-àm ri teachd  
chun an làir

Am buannaich e am blàr  
le neart  
a dhuanagan no an tuit e  
air sgàth cloiche?

## air plèana a tha mar chorrach a' comharrachadh ris a' ghealaich

CAOIMHIN MACNÈILL

*I am but a finger pointing to the moon. Don't look at me; look at the moon.*  
– Traditional Zen teaching

*All experiences are preceded by mind, having mind as their master, created by mind.*  
– The Buddha Shakyamuni

tha am plèana seo cho mìorbhaileach ri sutra,  
a' fàgail tagharlaich an t-saoghail

a' togail ar trom dhinn, agus eadhan  
gar togail fhinn dhan iarmailt fhalaimh

tha am plèana seo mar a' chorrach ainmeil ud  
a' comharrachadh ris a' ghealaich...

dùisg a-nis – agus sin i, soilleir, àlainn, àraid  
a' ghealach a' deàrrsadh os cionn Beinn Fuji,

mar ìomhaigh anns an sutra mhac-meanmnach  
eu-comasach anns a bheil sinn beò

a-màireach, bheir mi a' ghealach dhachaigh –  
oir rugadh air thalamh i – agus seallaidh mi dhi

gun deach ar corragan a chruthachadh  
a stuth nan reultan, agus nam b' urrainn

dha na speuran ar smuaintean a leughadh  
gun tuigeadh iad gu bheil sinn uile fhathast

a' deàrrsadh – can, os cionn Beinn Fuji – neo-realta  
agus fìor, mar am mac-meanmna a chur air dòigh

an aon sgeulachd anns a bheil sinn a' gabhail pàirt, sinne  
a tha uaireannan fìor mar a' ghealach, neo mar ìomhaigh dhinn

ann an sgàthan nach fhaicear, sinne a tha uaireannan eile  
teth mar an t-seann sradag a chruthaich sinn 's a bhoillsgeas

a-rithist annainn nuair a chi sinn nach eil sinn  
a' coimhead air a' chorrach idir neo air a' ghealach fhèin  
ach air mac-meanmna siubhlach, fiosaigeach, neo-chrìochnach, mar a' chruinne-cè

## on a plane that is like a finger pointing at the moon

*I am but a finger pointing to the moon. Don't look at me; look at the moon.*  
– Traditional Zen teaching

*All experiences are preceded by mind, having mind as their master, created by mind.*  
– The Buddha Shakyamuni

this plane is as marvellous as a sutra,  
rising above the turmoil of the world

relieving us of our burden,  
lifting us into the empty firmament

this plane is like the famous finger  
pointing at the moon...

wake up – there she is, clear, stunning,  
the moon shining over Mount Fuji

like an image in the fantastical  
impossible sutra in which we live

tomorrow i shall bring the moon home –  
for she was born on earth – and I'll show her

our fingers are formed of star-stuff, and if  
the stars could read our thoughts they'd see

that we all still shine – over Mount Fuji, let's say – unreal  
and true, like the imagination that initiated

the one story in which we all take part, we who  
are sometimes cold, like the moon or like an image

of us in an invisible mirror, we who are sometimes hot  
like the ancient spark that formed that us and that

reappears inside us when we see we are not  
looking at the finger nor even at the moon but  
at an imagination, fleeting, physical, boundless, as the universe

## Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh

BABS NICGRIOGAIR

*O blaisibh agus faicibh seo gur maith 's gur milis Dia  
(sailm 34 , v 8)*

Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh  
An dèidh dhomh éirigh moch sa mhadainn  
Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh

*Dhèanainn sùgradh an àm dùsgaidh  
Ri maighdinn ùr na siùil chairtidh*

Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh  
An dèidh dhomh éirigh moch sa mhadainn  
Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh

's cha stad sinn a-chaoidh, lom 's làn acrais  
do bhlais air mo mheuran, m' aodann nad fhalt  
tiugh 's teth  
milis  
thèid sinn fodha

Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh  
An dèidh dhomh éirigh moch sa mhadainn  
Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh

Fhuair i raoir muigh aig muir mi  
ann an seann shoitheach làn tuill  
air na creagan, botail timcheall  
gun teachdaireachd sam bith nam broinn –  
's mi a' lorg talamh tioram

Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh  
An dèidh dhomh éirigh moch sa mhadainn  
Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh

Is stiùir i dhachaigh mi  
suas Hope St ,  
ann an dorchadas stoirmeil,  
a'strì ri fèidh air an t-slighe,  
an t-uisge a' dòrtadh, gar glanadh 's mi glan as mo chiall

Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh  
An dèidh dhomh éirigh moch sa mhadainn  
Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh

'S-taigh sa bhlàths, thuit sinn còmhla  
sìos dhan ghràs ,  
gar n-aithneachadh  
airson a' chiad uair  
you're one of my kind

Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh  
An dèidh dhomh éirigh moch sa mhadainn  
Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh

*Reef ga ceangal , Reef ga fuasgladh  
Muir ma gualainn, fuaim is fead oirr'*

' S tu sgreuchail mar coire a' goil  
's mi plogadh mar trèana-smùid ...  
gun sgeul air James Watt  
Chan ann industrial tha ar n-ar-a-mach a ghràidh –  
tha sinne ruith air gaol an àite gual

Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh  
An dèidh dhomh éirigh moch sa mhadainn  
Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh

*Dhèanainn sùgradh ris a' ghruagaich  
H-uile uair a bhiodh i agam*

Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh  
An dèidh dhomh éirigh mhoch sa mhadainn  
Dhèanainn sùgradh ris an nighean dubh

## Because the night belongs to us...

BABS NICGRIOGAIR

Tha na sràidean teth timcheall  
a h-uile duine a' feitheamh 's a' feitheamh  
Ri dol fodha na gréine  
Amhaich thioram, mionach falamh  
A' gluasad 's a' gearan  
An-fhoiseil an-fhoiseil  
Ramadan 's an t-òg mhios, ann an Glaschu , tha e doirbh

**Tha an latha cho fada  
tha m' fhoighidinn cho goirid  
Tha mi feitheamh ort a ghràidh  
's an t-acras orm**

Tha na mnathan timcheall a' geurachadh an sgeinean  
gearradh 's mion-gearradh, a' feitheamh 's a' feitheamh  
Ri dol fodha na gréine  
Biryani, Aloo Gobi  
Praisean a' goil 's am baile air bhoil  
An-fhoiseil an-fhoiseil  
Ramadan 's an t-Ògmhios ann an Glaschu, tha e doirbh

**Tha mi air leughadh 's air leughadh  
Leantainn recipe ùr  
Tha mi feitheamh ort a ghràidh  
's an t-acras orm**

Taobh a-muigh tha na càraichean a' casadaich  
's na boy racers bragail a' feitheamh 's a' feitheamh  
Ri dol fodha na gréine  
Gach fear gun cead òl ach dràibhigeadh mar misgear  
Brands Hatch a-rithist  
An-fhoiseil an-fhoiseil  
Ramadan 's an t-Ògmhios ann an Glaschu, tha e doirbh

**Tha am bòrd deiseil  
Àite ann airson dithis  
Tha mi feitheamh ort a ghràidh  
's an t-acras orm**

Tha na busaichean làn , tha na solais dearg  
's tu air an 41 taobh an ear a' feitheamh 's a' feitheamh  
ri dol fodha na grèine  
an rathad romhad , teanga fhada dhubh a' rock 'n roiligidh  
an-fhoiseil, an-fhoiseil  
Ramadan 's an t-Ògmhios ann an Glaschu, tha e doirbh

**Ithidh sinne le ar làmhan  
Gu slaodach, gu sùghmhor  
Tha mi feitheamh ort a ghràidh  
's an t-acras orm**

## New Year's Day

LISA NICDHÒMHNAILL

Beads on a string  
They graze,  
Antlered heads down,  
A leaden sky.

Suilven rests,  
Its twin peaks  
Bedded  
In silver.

An eagle soars.  
The tender, poised feather fingers belie  
The mighty wings.

A lonely figure juts  
In silhouette  
On the jagged ridge  
Of Stac Pollaidh.

## Bidh Mi Alright

LISA NICDHÒMHNAILL

Bidh mi alright.

Dùsgadh geur na h-oidhche duirche dlùithe,  
Fo mhulad, fo bhròn, fo dheòir  
Cràdh mo chridhe gam sgiùrsadh  
Nam aonar san dorchadas carach cruaidh ach

Bidh mi alright.

Goirteas searbh mum thimcheall  
Far an robh do ghàirdeanan  
Nan cearcall blàth sàbhailteachd  
'S iad gam chumail ciùin dòigheil gaolach ach

Bidh mi alright.

Dòchas mo chridhe 's mo bheatha  
Mar eunlaith nan speur a' ceilearadh  
Air tuiteam gu làr le truime chloiche  
'S air spreidheadh na phìosan ach

Bidh mi alright.

Thig an latha, 's mi le aoibhneas is sunnd  
No fo eagal 's fo fhiamh  
Air mo chur ri chèile a-rithist  
A' feuchainn às ùr, a' cumail a' dol.

Bidh mi alright.

## Am Fearann

LISA NICDHÒMHNAILL

Beinn Mhòr na Còigich 's nan slèibhtean àrda geur,  
Sula Bheinn an riochd dìneasair drum an t-siùil bhiorach,  
Stac Pollaidh na cuirm-cnuic  
'S nan ceapairean blasta -  
Na seallaidhean mòra a thogas do chridhe,  
Ach taighean le ceò ast' chan fhaic thu.

Eilean an t-Samhraidh air mo chùl  
Am bàta luath orains gam sguabadh air ais gu tìr  
'S mi gan coimhead às ùr, na cumaidhean  
Ainneil m' eòlais  
Gu tur diofraicht' o fhradharc eile.

Blàr a' Chumhaing (1882)  
Na croitearan nan èiginn  
Chan eil teagamh gun robh iad gaisgeil curanta treun  
Cha mhòr, ge-tà, nach robh roghainn sam bith romhpa.

Eilean Shanndaidh ìosal crùbte  
An dìneasair na chadal, ciùin.  
Bha crodh is caoraich ann  
Mus do thog Dick taigh-òsta air an robh  
Am Byron Darnton, an dèidh bàt' a chaidh sìos faisg air.  
Rinn e aran cùbhraidh ùr gach uile latha  
Uighean air bhlas salainn on a rùraicheadh  
Na cearcan tron fheumainn.  
Cheannaich dithis bhancairean an t-eilean -  
£2.5 muillean.  
Thàinig iad a-null às an Eilbheis triop no dhà  
'S coma leatha uinneagan briste nan taighean  
Fhad 's a tha na dealbhan fhathast snog san Investment Portfolio.

## Fàgail na h-Eòrpa

LISA NICDHÒMHNAILL

Tro ghaoth, tro bhàthadh uisge  
Tro dhorchadas trom-dhubh mar mhiann na dùthcha:  
Dà choinneal deug am broinn chrogain-shilidh 's  
Rionnag mhòr bhuidhe air aghaidh gach aon dhiubh  
Le sreang. Iad rin sgaoileadh sa Chòigich -  
Port Allt a' Ruistheil, Ach' 'Ille Bhuidhe, Am Poll Bàn, An Lòn, Am Poll Glas,  
Bad an Sgàlaidh, Ach' an Inbhir fhèin.  
Dorsan a' fosgladh le furan, le fàilte, le taing,  
Na solais gan toirt sna h-uinneagan tùrsach.  
Am fear mu dheireadh gu Sealladh nan Eilean,  
Gu teaghlach òg faisg air croit a màthair, e-fhèin à Slovakia  
An dithis bheag bhòidheach nan suain.  
Thàinig i thugam ga shireadh, an dà chàr air an rathad chaol,  
An t-àite-seachnaidh na ionad càirdeis  
Fo sgàil Chonmheall dà-chreagach stòlda.  
Dithis bhoireannach, dithis mhàthraichean,  
Dà uinneag, dà làimh, dà anam, dà chridhe,  
Dòchas eatarra.

Uaireannan, mairidh e fad an latha no tron oidhche gu madainn. 'S e sin an rud as miosa, a bhith a' faireachdainn tinn is faoin, fo fhiamh 's fo eagal.

Cha robh duine riamh còmhla rium tro thachartas le uaireadair gus tomhas ceart fhaighinn ach chanainn-sa nach bi iad nas fhaide na dà mhionaid - 's dòcha nas giorra na sin, ged a tha iad mar shiorraidheachd dhomhsa.

Bidh na tachartasan a' nochdadh fad beagan làithean; còig no sia air a' chiad latha, trì no ceithir an darna latha agus an uair sin fear no dhà airson latha no dhà.

'S e 'tachartas' am facal a chleachdas mise. Ma chanas mi 'galar tuiteamach', bheir sin dealbh gu tur ceàrr: chan e galar a tha seo, agus cha bhi mi a' tuiteam nas motha. Dh'innis an neurologist dhomh nach eil ach 5% de thachartasan coltach ris an seòrsa *Grand Mal* air a smaoinneachas mise ma chanar rium 'epilepsy'. Mar as trice, bidh daoine a' faireachdainn rud beag neònach airson greis, no bidh coltas falamh orra. Uaireannan bidh pian sgriosail aca nan ceann agus blas no fàileadh annasach.

Dhomhsa, bidh blas meatailt a' sgaoileadh gu h-ìosal air dà thaobh mo bheòil.

An uair sin tòisichidh na dealbhan, mar phiosan beaga fiolm, ged nach eil cuimhne sam bith agam air fhàgail orra às dèidh dhaibh stad. Falbhaidh iad mar roinneas ceò ro ghaoth. Aon turas a-mhàin dh'fhàg duine faileas air taobh clì a' frèam. Bha e a' coimhead laghach gu leòr agus cuiridh mi geall nach robh e idir airson mo leòn.

An rud as iongantach, 's e gu bheil na fiolmaichean goirid seo a' tighinn thugam mar gun deach an togail às mo chuimhne fhèin. Chì mi àiteachan, goireasan,

# Uabhas

LISA NICDHÒMHNAILL



seallaidhean air a bheil mi eòlach - agus ged nach b' urrainn dhomh a bhith cinnteach, leis nach eil iad a' fàgail sgeul às an dèidh, fiù 's aig an àm cha chanainn gur ann às mo chuimhne a thàinig iad idir.

Tha an t-uabhas cho fìor, cho beò, cho cruaidh 's a ghabhas. Chan e mac-meanmna a tha sin. Uaireannan dh'fhàgadh e mi crùbte gu làr. Ach cha chreid mi gu bheil na h-ìomhaighean eagallach fhèin. Thathar ag ràdh, ged is ainneamh an seòrsa tachartais agam, nas ainneamh fhathast bidh daoine a' faireachdainn toileachas mòr an àite eagal. Ciamar a dh'innseas tu sin do dhotair? Agus cò chanadh, "Feumaidh sinn stad a chur air a leithid sin"?

Co-dhiù, tha an dotair agamsa airidh air a h-uile moladh. Cha chuala i riamh sgeul mar a dh'innis mise dhi an latha ud. Dh'èist i rium gu foighidneach, thug i sùil mhionaideach orm agus thuirt i, na beachd-sa, gun robh mi air cus obrach a dhèanamh agus mhol i dhomh beagan fois a ghabhail.

Ach an ath latha thug i fòn dhomh is thuirt i nach b' urrainn dhi gun a bhith a' smaoinneachadh air na dh'innis mi dhi. Mar sin, bha i air beagan rannsachaidh a dhèanamh agus bhiodh agam ri dhol a dh'Inbhir Nis, dhan ospadal.

Dh'aithnich an neurologist na

tachartasan anns a bhad agus fhuair mi pilichean an ath sheachdain.

'S e an *temporal lobe* ball den eanchainn a bhios a' dèiligeadh ri cuimhne agus ma thèid cus bhuillean dealanach troimhe gheibh sinn measgachaidhean obann: 's e *temporal lobe epilepsy* a chanar ris an t-seòrsa riaghlaidh sin. Tha tòrr cheistean fhathast gun fhreagairt. Cò às a bhios na dealbhan a' tighinn? Carson a tha an t-uabhas cho geur? Dè tha aig cùl nan tachartasan? Aig deireadh an latha, tha gainnead rannsachaidh a' ciallachadh gu bheil na seirbheisean slàinte a' feuchainn ri smachd a chumail air rudeigin nach eil iad buileach a' tuigsinn.

Ann an dòigh 's e faothachadh a bh' ann ainm a bhith air an trioblaid. A' chiad turas a thachair e bha làn-dhùil agam gun robh mi air a dhol às mo rian. Aig an aon àm, ge-tà, thogadh a' cheist: carson a-nise, aig an aois a bha mi, às ùr? Bha iad dìreach às dèidh inneal MRI ùr a cheannachd ann an ospadal na Ràthaige Mòire, cho geal ris an t-sneachd ùr, le fuaim air a riaghladh bho iPad gus am faodadh tu èisteachd ri podcasts fhad 's a bhios agad ri laighe mar chlach na bhroinn. Cha b' urrainn dhomhsa càil a chluinntinn le brag agus srann an inneil fhèin.

Bha agam ri feitheamh airson mìos mus d' fhuair mi a-mach nach b' e aillse a bh' ann. San eadar-àm choimhead mi air bogsa mòr na Nollaig, làn dhèideagan is rudan brèagha. Cò dh'innseadh don

chloinn càit' an do cheannaich sinn siud, no cò thug seo dhuinn mar phreusant? Cò aig an biodh fios? Nuair a thàinig an litir ag aithris nach do lorg an scan rud sam bith neo-àbhaisteach dh'fhairich mi mar gun d' fhuair mi beatha ùr mar thiodhlac.

Chan eil e daonnan furasta. Chaill mi mo cead-dràibhidh. Tha sinn a' fuireach an Ach' Ille' Bhuidhe, uair a thide air falbh bhon bhùth mhòir agus bho sgoil na cloinne. Chan eil ann ach bus na sgoile. Leasanan snàimh, gym club, cluiche le caraidean, rud sam bith a dh'iarras iad, feumaidh an duin' agam a dhol an iarraidh às dèidh dha crìoch a chuir air obair.

Tha na pilichean trom orm cuideachd. Leis a chiad sheòrsa, cadal cha d' fhuair mi idir. Bha na brudaran làidir 's na trom-laighean sgriosail. An darna seòrsa, chuir iad fodha mi mar smàladh teine. Cha do dhùisg mi gu ceart fad sheachdainean. Chuir sin dragh air an teaghlach gu lèir, agus a' chlann a' gearan nach robh iad gam aithneachadh. Bha an nighean agam gam ionndrainn gu mòr, saoilidh mi, agus i feumach air stiùireadh màthaireil.

Tha mi a-nise air an reas seòrsa a thòiseachadh agus an ceann seachdain thill mi mar a bha mi, dìreach mar bhana-phrionnsa a' dùsgadh ann an sgeulachd chloinne.

Tha mi fhathast dhe m' obair agus tha an t-airgead a' fàs gann ach a dh'aindeoin sin uile, tha mi fhathast taingeil a h-uile latha.

Taingeil a bhith beò. ■

Tha **Meg Bateman**, a rugadh an Dùn Èideann an 1959, na h-ollamh aig Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach. Tha i air trì leabhraichean den bhàrdachd aice fhèin a thoirt a-mach, agus tha i cuideachd air trì cruinneachaidhean de bhàrdachd Ghàidhlig eadar-theangachadh is a cho-dheasachadh. Chaidh dà leabhar aice, *Aotromachd* (1997) agus *Soirbheas* (2007) a chur air adhart do dhuais "leabhar Albannach na bliadhna".

'S ann bhon An Leth Mheadhanach an ceann-a-deas Uibhist a Deas a tha **Aonghas Phàdraig Caimbeul**. Tha e air grunn leabhraichean fhoillseachadh, nam measg 'An Oidhche Mus Do Sheòl Sinn', 'Aibisidh' agus 'Memory and Straw' a ghlèidh duaisean thaobh ficsean is bàrdachd na h-Alba.

**Maoilios Caimbeul** Bàrd agus sgrìobhaiche às an Eilean Sgitheanach. An leabhar mu dheireadh a thàinig bhuaithe 's e *An Dà Anam / In Two Minds*, conaltradh bàrdail Gàidhlig / Gaeilge air a cho-sgrìobhadh le Diarmuid Johnson.

'S ann à Leòdhas a tha **Pàdraig Macaoidh**, agus tha e a' fuireach ann an Dùn Èideann. Nochd an darna leabhar aige, *Nàdur De*, na bu tràithe sa bhliadhna seo le Acair.

Rugadh **Caoimhin Macnèill** ann an Leòdhas. Am measg nan leabhraichean, nam fiolmaichean agus nan dealbhan-cluiche aige tha 'The Brilliant & Forever' agus 'Hamish: The Movie'. Tha e na òrdaiche aig Oilthigh Sruighlea. Rinn e na piosan bàrdachd san iris seo anns an t-Seapan san Dùbhlachd 2019.

Tha **Lisa Nicdhòmhnail** a' fuireach ann an Ach' Ille' Bhuidhe sa Chòigich còmhla ri a teaghlach, ach 's ann à Ceann Tìre a tha i bho thùs. Tha i na tidsear ann an iomadach suidheachadh: teagasg bun-sgoile, buidhnean pàrant is pàiste Gàidhlig, Preanasachd Tòiseachaidh agus foghlam inbheach.

**Babs Nicgriogair** - rugadh 's a thogadh mi ann an Steòrnabhagh - blas na Gàidhlig air mo bhilean - rud beag ropach - stèidhichte ann an Glaschu, agus faighinn sàr-smaoin bho shràidean a' bhaile-mhòir, a sgròbadh agus uaireannan fiù is sgrìobhadh.

Tha **Maggie Rabatski** Ag obair an-dràsta còmhla ri A.C. Clarke is Sheila Templeton air leabhnan de bhàrdachd ùr Gàidhlig,

Albais is Beurla, a' leantainn air ar co-obrachadh san leabhran 'Owersettin' (Tapsalteerie) a chaidh fhoillseachadh an 2016.

'S ann à iomadh ceàrn a tha **Eòghan Stiùbhart**, sgrìobhadair tùsanach a' fuireach san Àrd-Achaidh ann an Inbhir Nis, tha a' chiad chruinneachadh aige "Beum-sgeithe" a' tighinn a dh'aithghearr.